

Sàbhailteachd cloinne air an Lìon



Tha an t-eadar-lìon na phàirt dar saoghal uile.

Tha clann a' fàs suas ann an saoghal far a bheil àite cudromach aig an eadar-lìon, is e dòigh math fhèin do chloinn cumail suas ri caraidean agus fealla-dhà a bhith aca. Bho choimhead is sgaoileadh bhideothan gu cluich gheamaichean, cur theachdaireachdan gu na meadhanan sòisealta. Tha clann air an Lìon a-nis barrachd na riamh. Tha e cuideachd air fàs na phàirt cudromach de dh'obair na sgoile agus de dh'ionnsachadh. Ach gu mì-fhortanach tha cunnartan ann. Agus the an urra rinne cuideachadh gus an dìon.

Tha iomairt "Sàbhailteachd na Cloinne air an Lìon" aig Club nam Pàrant ann gus an acfhainn a tha a dhìth a thoirt do phàrantan gus cuideachadh gus a' chlann aca a chumail sàbhailte air an Lìon agus a' chuid as motha a thoirt às an t-saoghal dhigiteach.

Tha an iomairt ann gus cinnt is taic a thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim gum faodar na h-aon sgilean a tha a dhìth orra gus am pàiste aca a chumail sàbhailte far an Lìon a chleachdadh gus an cumail sàbhailte air an Lìon. A bharrachd air fiosrachadh, comhairle, agus ceuman practaigeach a dh'fhaodas iad gabhail gus cuideachadh gus a' chlann aca a dhìon air an Lìon, tha tòrr comhairle aig an iomairt seo cuideachd air mar a bhruidhneas tu riutha agus a chruthaicheas tu àite a tha sàbhailte is taiceil gus am fàs ath ghinealach na h-Alba suas a' cleachdadh an eadar-lìn ann an dòigh spòrsail, sàbhailte agus gan coileanadh.



Tha an t-àm ann a bhith bruidhinn

Do chlann an latha an-diugh, chan eil diofar ann an da-rìribh eadar an saoghal air an Lìon agus an saoghal far an Lìn. Is e sin as coireach gu bheil e cudromach teagasg dhaibh mar a chumas iad orra nas sàbhailte air an Lìon ach faodaidh e bhith doirbh bruidhinn ris a' phàiste agad mu shàbhailteachd air an Lìon. Agus tha tòrr againn aig nach eil sgot càite an tòisich sinn. Ach le bhith a' faighinn chothroman an deasbad a thòiseachadh, faodaidh sinn a' chlann againn a chuideachadh gus na cunnartan a thuigsinn. Le bhith a' bruidhinn gu cunbhalach mu shàbhailteachd air an Lìon, agus le bhith a' gabhail ùidh ghnìomhach anns na nì iad air an Lìon, faodaidh sinn toirt orra a bhith a' faireachdainn nas cofhurtaile a' bruidhinn rinn mu na tha iad a' dèanamh agus a' tighinn thugainn ma thèid rudan ceàrr.

A bhith eòlach air na cunnartan

Tha e deatamach fhèin gum bi thu mothachail air na bhios a' chlann agad a' dèanamh air an Lìon agus a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn gu cunbhalach. Ach feumaidh fios a bhith againn cuideachd air na cunnartan a th' ann an lùib burraidheachd air an Lìon, a' faicinn rudan a tha nam buaireadh nach bu chòir dhaibh, a' sgaoileadh fios pearsanta, a' cosg airgead air stuth ann an geamaichean, agus na cunnartan an lùib a bhith a' bruidhinn ri daoine nach aithne dhaibh. Mar as mothachaile a tha thu 's ann as fheàrr a bhios an dìon a gheibh a' chlann agad.



A' dìon na cloinne air an Lìon

Tha tòrr cheuman practaigeach ann gus cuideachadh gus clann a chumail nas sàbhailte air an Lìon, chan eil e diofar dè tha iad a' dèanamh. Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a tha a dhìth aig pàrantan gus innealan-smachd phàrantan a chur air coimpiutairean, geamaichean, innealan, fònaichean, agus tablaidean deatamach gus cuideachadh riutha gus a' chlann aca a dhìon. Tha agus toirt bheachdan dhaibh air mar a tha iad a' dìon an cuid cloinne fiù 's nuair a tha iad air falbh bho dhachaigh an teaghlach, far am faodadh nach biodh na smachdan phàrantan seo an gnìomh.

A' faicinn nan comharraidhean

Tha e cudromach gum faod a' chlann againn tighinn thugainn ma bhios duilgheadas air an Lìon aca. Ach cha tig iad an-còmhnaidh. Tha sin a' ciallachadh gum bu chòir gum biomaid mothachail air na comharraidhean gu bheil rudeigin ceàrr. Gu tric tha seo a' ciallachadh gum feum sinn a bhith gnìomhach ann a bhith a' bruidhinn air na tha iad ris air an Lìon, rud a dh'fhaodas a bhith doirbh. Ach ma tha sinn eòlach air na comharraidhean ris a bheil dùil nuair a tha rudeigin ceàrr, 's ann as luaithe a thèid againn air an cuideachadh.



A bharrachd air innealan-smachd phàrantan a chur air dòigh, tha tòrr rudan a nì thu gus a' chlann agad a theagasg mu shàbhailteachd air an Lìon. Tha beachdan againn agus math dh'fhaodte gum biodh tu airson am feuchainn:

Riaghailtean soilleir

Tha na riaghailtean a th' agad aig an taigh an urra riut fhèin. Tha e cudromach crìochan a stèidheachadh. Ach tha clann nas buailtiche cumail ri riaghailtean a tha iad a' tuigsinn. Bi soilleir is seasmhach mar sin leis na crìochan a stèidhicheas tu, agus mìnich dhan chloinn agad mar a tha iad ann gus cuideachadh gus an cumail sàbhailte.

Gabh ùidh

'S toigh le cloinn na rudan anns a bheil ùidh aca a sgaoileadh. Faighnich dhiubh ma-thà mu na nithean a nì iad air an Lìon. Na geamaichean as toigh leotha cluich, na làraichean dhan tèid iad. Mar as motha de dh'ùidh a nochdas tu 's ann as coltaiche a tha e gun cùm iad ris na crìochan a stèidhich thu agus ris a' chomhairle a bheir thu dhaibh.

Cuir ùine seachad còmhla air an Lìon

A bharrachd air ùidh a ghabhail, nach bi fealla-dhà agaibh còmhla air an Lìon. Feuch fear de na geamaichean as fheàrr leotha. Seall dhaibh feadhainn de na làraichean air am bi thu fhèin a' tadhal. Cuir ùine mu seach dhan Lìon, dhan teaghlach agus chan e dìreach rudeigin a nì iad leotha fhèin.

Na sgaoil cus

Dh'fhaodadh nach biodh do phàiste air na meadhanan sòisealta fhathast. Mus bi iad sean gu leòr ma-thà math dh'fhaodte gum biodh an t-àm ann teagasg dhaibh mun chuideam mu na tha iad a' sgaoileadh air an Lìon. Mìnich dhaibh cho luath 's a thathar air rudeigin a phostadh gu bheil e a-muigh an sin gu sìorraidh, agus gum bu chòir dhaibh a bhith faiceallach mar sin mu na tha iad a' sgaoileadh air an Lìon.

Airson barrachd bheachdan agus ceuman practaigeach gus cuideachadh gus am pàiste agad a chumail sàbhailte air an Lìon, tadhail air **ParentClub.scot**